



6.8.

H.M. 150(1-7).

17 lines

Book of Hours - in 17 parts.







LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

SÉUMAS WILSON;

NO

AN DÉILE A GHIÙLAINEAS.

JAMES WILSON; OR, THE PLANK BEARS.

BHA 'n oidhche uamhasach. Shéid a' ghaoth ann an cainnte an t-seoladair, "gunnathan mora," agus thaom na tonnan arda, garbh, gu luath stigh o 'n chuan tuath, gus 'n d'bhreiseadh iad le toirm, mar thairneanaich air a' chladach. Bha dùil gach uair ris an luing mhaith "Speedwell," a thachair bhi air dheireadh, aig a phort. Mar bha 'n la dol seachad, 's an oidhche tuiteam gu luath, thionail moran mhuinntir chùramaich dh'ionnsuidh a' phuirt, agus air, do 'n t-soith-each iasgaich "Providence" an deigh dol as ach gu beag o 'na crèagan, seoladh stigh do 'n phort theann iad a sgioba, 's iad dol air tir.

"Am faca tu an "Speedwell" arsa seann bhean ri fear de na h-iasgairibh?"

"Seadh, seadh, a bhean, arsa esan, chunnaic sinn long ruith róimh na ghaoith, feuchainn am port a' dheanamh, ma dh'fheudta gur ise an "Speedwell." Bha i ann an staide gle dheuchainnaich gu ta, arsa esan ri neach eile sheas laimhe ris, "Dh, fhalbh aon de 'na croinn gearr ris a' bhord" Dia gun' cuidich leis a' sgioba ann an leithid so do dh-fhairge."

Chaidh 'n oidhche seachad gu mall, agus thoisich an la air briseadh, nuair chualas fuaim mhor rathad

na creig ris an abrar. “Wolf,” Sheas a chreag so mach ri aghaidh aird an ear, agus air a taobh, fad as an uisge, luidh long mhor. Bha gach tonn a’ briseadh thairis orra, agus le cabhair gloine, chithear na seoladairean anns na croinn. Fagus air an dachaidh agus gu h-inbh bhig air an tighibh féin, chaidh an sgioba chall, oir eiod am bata b’urrainn dol mach ann an leithid a dh-fhairg. Air ball, thilg a’ mhuir stigh baraillan, ropan, buird, maille ri uime ni eile bhuineas do luing mhoir, ’s an trath ’s a’ rithist corp marbh. Air do thonn mhoir a bhris air a’ chladach pilltinn air ais, dh-fhagadh déile air an tràgh ris an robh ceangailte seoladair a bha a réir coltais marbh. Bha daoine gu luath air an spot, a tharruing e bho chunnart nan tonn, a ghearr na cordan cheangail e ris an déile, agus a ghiùlain e gu sèimh suas gu tighe iasgaire, far an do chuireadh e, fuil a’ ruith o cheann. Rinneadh na h-uile oidhirp gu thoirt gu faireachadh agus fa dheòigh le osnadh throm dh-fhosgail e a shuilean. Tiomchioll air sheas muinntir dhaimhail a dh’fheor- aich dhe, Co e? Co as thàinig e? agus ceud ni eile, ach dhorduich an Doctor mach as an t-seomair iad uile. “Tha a bheatha, arsa esan, an crochadh air so, e bhi air fhàgail samhach.

Shiubhail na laithean seachad, agus bha Séumas Wilson (oir b’e sin ainm) cosnadh neart lion cuid is cuid. Shuidh duine math, a choisrig e fein gu bhi saothrachadh measg iasgarean is sheòldarean ri taobh a leabaidh. Na lainh bha Biobull, agus bha e ’n deigh bhi leughadh mu Aon a dh’imich air na h-uisgachibh, ’s a chuir clos air gaathaibh, agus tonnaibh. Bha Sèumas bochd gle aineolach.

“Tha cuimhne agam, arsa Sèumas, bhi cluinntinn mu thiomchioll an T-Slanuighear nuair bha mi ’na mo ghiullan dol do na Sgoil Shàbaid, ach cha ’n eil mi mo sgoilear, ’s cha ’n urrainn mi na nithe so thuigsinn; cha ’n ann air son gillean aineolach mar tha mise tha iad.”

“Sheumais, arsa an duine, ciod a rinn thu nuair a bhual an long, agus nuair bh 'aige na h-uile duine ri deanamh air a shon fhéin ?

“Rinn so. Roghnuich mi mach dèile làidir, agus le mìr do chòrd cheangaile mi mi féin rithe, seadh, fhir uasail, bu charaid dhomhsa an dèile sin no bhithinn le mo chompanaich bhochda aig grund a' chuain.”

“Is ann mar sin a bha, Sheumais, ach seall so, tha thusa bàsachadh; tha 'n t-siorruidheachd romhad anns am bi thu cailte, mar a bhitheadh tu, na fanadh tu air bòrd na luing; ach tha Slanuighear ann an Tighearn Iosa Criosd. Croch ris-san, Sheumais, croch ris-san, mar a chroch thu ris an dèile, agus bithidh tu tearuinte, oir tha “Esan comasach air an dream a thig dh' ionnsuidh Dhé trid-sin, a thèarnadh gu h-ìomlan;” cha 'n 'eil feum bhi na d' sgoilear air son so, agus bi cinnteach giùlanidh an déile sin thu.”

Chaidh beagan bhliadhnaidh seachad, agus bha an t-aon teachdaire saothrachadh an aon do bhaitibh maor an airde tuath, fad air falbh o 'n aite anns an d' fhàg sinn e. Bha e muigh ri oibre, 's air dha tighinn dhachaidh, agus mu 'n cuairte dol gu fois ghairmeadh 'sios e.

“Thig chum an Tigh-leigheis gu grad; tha seoladair bochd na luidh sin, agus cha bhi e beò car oidhche,” ars an neach.

Co e arsa an teachdaire, 's iad a greas ionnsuidh an aite ?”

Cha 'n aithne dhomh e; tha e 'na choigreach dhomh; chual mi gu 'n d' thàinig e o 'n Mhèditeranean. Chaidh thoirt gu tìr an dé gle thinn. Tha dòchas agam gu bheil e fathast beò.”

Bha an teachdair gu luath ri taobh leabaidh an t-seoladair; le a shuilean dùinte, sheall e mar dhuine a bha bàsachadh. Bha anail trom, agus dreach a' bhais air clàr-aodainn. Mu dheireadh dh' fhos gail

e a shuilean, is shuidhich e iad air an teachdair. Thog e e fein air an leabaidh, shin e mach a lamhan gus an duine ag radh, “Gu ’m beannaicheadh Dia thu, fhir uasail, tha ’n dèile giulan, tha ’n dèile giulan,” agus le aon ospag thuit e thairis marbh.

Bheil sùil duine neo-churamaich, neo-iompaichte sam bith air na briathraibh so? Ma dh’ fheudta gun abair thu mar thubhairt Seumas Wilson, “dh’ ionnsuich mi nieigin de ’n so aig a’ sgoil, ach dhichuimhnich mi nis e, cha ’n eil mi ’na mo sgoile-aor.” Ah, charaid, cha ’n èigin bhi na do sgoilear gu bhi air do thearnadh. Cha ’n iomadh iad tha glic no fòghlumte a ghairmear. Feudaidh nach urrainn thu do Bhiobull leughadh ach ma tha thu faireachadh na do chridh gu bheil thu ag earbsa ri Criosd a thubhairt, “Esan thig ga’m ionnsuidhsa cha tilg mi air chor sam bith mach e,” dh’ fhòghlum thu gu leòir air son sonas. Earb ri Criosd a mhàin.

Theagamh gu bheil suil Criosduigh air an duilleag. Ma tha, tha thusa dlùthachadh air a’ phort far am b’aille leat bhi, agus cuiridh an cuideachadh laidir ris a bheil thu an taic gu sàbhailte air tir thu aig cala a’ chladaich shiorruidh. An sin tha tonnan as stoirmean na beatha so g’n cur féin gu fois. Cha ’n eagal dhomhsa uair do bhais; cha ’n eagal duit fein e. Se d’oidhirp dheireannach bhi crochadh ris am T-Slanuighear a chum taic ruit re do bheatha uile, agus bithidh tu tearuinte.

